

IOMAIRT NA GÀIDHEALTACHD 'S NAN EILEAN

# AR PLANA GÀIDHLIG

2023 – 2028

Gàidhlig

Tha am plana seo air a dheasachadh fo Earrann  
3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005



Highlands and Islands Enterprise  
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean







## FACAL-TOISICH

Bhiodh e doirbh cus a ràdh mu chudromachd shòisealta na Gàidhlig mar phrìomh phàirt de chultar agus dearbh-aithne na h-Alba. Ann an seagh eaconamach, tha rannsachadh às ùr le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus le feadhainn eile, air dearbhadh gu bheil an cànan na mhaoin chudromach a tha comasach a chleachdadh ann am mòran diofar dhòighean gus luach a chur ri gnothachasan agus buidhnean air feadh na dùthcha.

Thar nan deicheadan bliadhnaichean mu dheireadh, tha lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean air cliù dearbhte a stèidheachadh a thaobh aithne agus taic a chur ri luach cultarach is coimearsalta na Gàidhlig tro raon farsaing de ghnìomhachdan. Tha seo air a bhith a' gabhail a-steach maoinachadh susbainteach do bhuidhnean a tha air leasachadh agus libhrigeadh phrògraman a stiùireadh a tha ag adhartachadh agus a' comharrachadh a' chànain agus a' brosnachadh a chleachdaidh. Tha HIE cuideachd ag amas tasgadh agus taic a chuireadh air coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig ga cleachdadh gach latha.

Aig an àm cheudna, tha e fìor chudromach gun gabh sinn ceumannan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' faotainn spèis agus air a chleachdadh taobh a-staigh ar buidhinn fhìn, nar dàimhean le buidhnean com-pàirteachais agus nar dèiligidhean le teachdaichean. Is e sin a tha sinn a' sireadh ri dhèanamh le seo, am plana Gàidhlig as ùire againn, a tha a-rithist a' mìneachadh amasan soilleir agus targaidean tomhasach a chleachdas sinn gus libhrigeadh a leantainn, agus dèanamh cinnteach gun coilean sinn adhartas thar nam bliadhnaichean ri teachd.

Tha am plana seo stèidhichte air trì prìomh phrionnsapalan a tha aig teis-meadhan ar gnìomhan uile mar thaic don Ghàidhlig:

- Tha co-ionannachd spèis againn do Ghàidhlig agus Beurla mar chànanan oifigeil na h-Alba.
- Gheibh luchd-obrach agus teachdaichean HIE tairgse ghnìomhach de ar seirbheisean Gàidhlig.
- Thèid cothroman do ar luchd-obrach agus ar teachdaichean air Gàidhlig a chleachdadh, a dhèanamh prìomh-shruthach san dòigh a tha sinn a' coileanadh ar gnothachais.

Tha gach aon dhiubh sin air am mìneachadh sna duilleagan a tha romhainn, còmhla ri mion-fhiosrachadh mu ciamar agus cuin a nì sinn tomhas air agus mar a chumas sinn suas adhartas.

Tha ar dealas leantainneach a thaobh na Gàidhlig buan, agus airson an fhad-ama agus leanaidh sin ga stiùireadh tro iomairtean ro-innleachdail, a' gabhail a-steach phlanaichean nàiseanta bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair le ar buidhnean com-pàirteachais air feadh na Gàidhealtachd agus nas fhaide air falbh gus na gnìomhan a tha mìnichichte sa Phlana Gàidhlig a libhrigeadh.

### STIÙBHART MACILLEDHUIBH

Àrd-Oifigear

Facal-toisich .....	3	4. Ceanglaichean gun Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta .....	24
<b>1. Ro-ràdh .....</b>	<b>5</b>	<b>5. Ceanglaichean gu frèaman-obrach ionadail is roinneil .....</b>	<b>25</b>
■ Tuairisgeul air lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE)		<b>6. Foillseachadh.....</b>	<b>26</b>
■ Gàidhlig taobh a-staigh HIE		■ Foillseachadh agus follaiseachadh a' Phlana	
■ Gàidhlig ann an Alba		• Air an taobh a-staigh	
■ Achd na Gàidhlig (Alba) 2005		• Air an taobh a-muigh	
■ Plana Nàiseanta na Gàidhlig		<b>7. Goireasachadh a' Phlana .....</b>	<b>27</b>
■ In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig		<b>8. Sgrùdadh a' Phlana.....</b>	<b>28</b>
■ Co-chomhairleachadh air am Plana Gàidhlig		<b>9. Am Plana Gàidhlig ann an HIE.....</b>	<b>29</b>
<b>2. Prìomh phrionnsapalan.....</b>	<b>11</b>	■ Uallach iomlan don Phlana	
■ Spèis cho-ionann		■ Uallach don Phlana bho latha gu latha	
■ Tairgse ghnìomhach		■ Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig	
■ Prìomh-shruthadh		■ Conaltradh le luchd-obrach	
<b>3. Dealasan a' Phlana.....</b>	<b>12</b>	■ Buidhnean air astar agus treas phàrtaidhean	
■ Amasan àrd-ìreil 12		<b>Eàrr-ràdh 1 In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig .....</b>	<b>31</b>
• Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig		<b>Eàrr-ràdh 2 Co-chomhairleachadh poblach.....</b>	<b>32</b>
• Adhartachadh ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig			
■ Amasan seirbheis chorporra .....	17		
• Inbhe			
• Conaltradh leis a' phoball			
• Fiosrachadh			
• Luchd-obrach			
• Corpas na Gàidhlig			

# 1. RO-RÀDH

## TUAIRISGEUL AIR IOMAIRT NA GÀIDHEALTACHD 'S NAN EILEAN (HIE)

Is e Buidheann Poblach Neo-roinneil a th' ann an HIE, maoinichte le agus cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba. Chaidh am Buidheann a stèidheachadh le Achd Pàrlamaid ann an 1990 le dleastanas de 'ullachadh, co-cheangal, adhartachadh, cuideachadh agus gabhail cheumanna os làimh airson leasachadh eaconamach is sòisealta na Gàidhealtachd 's nan Eilean'. Tha sinn ag obair mar bhuidheann leasachaidh roinneil ioma-ghnìomhach, a' frithealadh àireamh-sluaigh Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba le prìomh dhleastanas a tha ag amalachadh leasachadh eaconamach is coimhearsnachd. Gus ar n-àrd-amasan a libhrigeadh, tha mu 290 fastaiche àrd-eòlach aig HIE agus buidseat bliadhnaile ann an raon de £70millean.

Gu làithreach, tha sinn air ar structaradh tro sheachd Buidhnean-stiùiridh agus ochd Sgiobaidhean Sgìreil. Tha ar oifis as motha air Làrach Inbhir Nis agus oifisean eile tarsainn na roinne againn: Steòrnabhagh, Lìonaclait, Goillspidh, Inbhir Theòrsa, Inbhir Nis, Farrais, Ciorcabhal, Lèiriug, Ceann Loch Gilb, An Gearasdan, Uachdar Tìre agus Port Rìgh. Tha oifis againn cuideachd ann an Dùn Èideann agus Glaschu. Tha mòran de na làraichean sin air an co-roinn le com-pàirtichean agus co-obraichean eile san roinn phoblaich aig a bheil Plana Gàidhlig aca fhèin air dòigh.

Tha an luchd-amais do bheil sinn a' solarachadh sheirbheisean agus mar sin air a bheil am Plana Gàidhlig seo cuimsichte gu dìreach, a' gabhail a-steach prìobhaideach air an taobh a-muigh, treas iomairt is iomairt sòisealta, coimhearsnachd agus roinnean poblach nas fharsainge is com-pàirtichean, a thuilleadh air an luchd-amais air an taobh a-staigh de ar luchd-obrach fhìn agus tagraidhean obrach san amharc. Le bhith ag obair leis an luchd-amais sin uile gus tuigse do Ghàidhlig mar sho-mhaoin adhartachadh agus a thaic, a thuilleadh air solarachadh sheirbheisean, fiosrachadh, goireasan agus cothroman taobh a-staigh HIE ann an Gàidhlig, bidh sinn gu ro-ghnìomhach agus gu fosgailte a' goireasachadh, a' comasachadh agus a' toirt buaidh air cleachdadh na Gàidhlig mar sho-mhaoin le ar luchd-amais. Bheir seo seachad brosnachadh eaconamach, sòisealta, cultarach agus cànanach airson cleachdadh Gàidhlig le càch.

Bidh Gàidhlig, mar phàirt iomlan den dearbh-aithne roinneil agus mar fhòcas HIE air leasachadh stèidhichte air àite agus tuigse do luach na Gàidhlig, a' cur gu mòr ri co-chomann a tha misneachail, àrd-amasail, cumhachdaichte agus beòthail a chur air adhart sa Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

Sgrùdadh air Daoine Òga agus a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan aig HIE 2018: Lorg Meudachadh Cothruim, ged a bha pròis agus cleamhnas do an coimhearsnachdan dachaigheil buailteach a bhith àrd am measg ar daoine òga, gun robh seo na b' àirde buileach am measg dhaoine òga le Gàidhlig. Tha roinn na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' tabhann calpa daonna àrd-chàileachdail agus suidheachadh gun choimeas airson daoine sgìleil agus cruthachail a thàladh, a' toirt buannachd fharpaiseach don sgìre taobh a-staigh a' cho-theacsa eaconamach chruinneil. Ann an adhartachadh iomadachd ar cruth-tìre chànanach shaidhbhir, tha sinn ag amas air cur ris an lèirsinn de sgìre a tha na h-àite tarraingeach airson fuireach, obair, ionnsachadh agus inbheisteadh.

A thuilleadh air cuideachadh coimhearsnachdan misneachail is eadar-mheasgte a chumadh, tha Gàidhlig a' cur ri eaconamaidh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Bha rannsachadh roimhe a' sgrùdadh an àite a tha aig Gàidhlig ann an cur ris an eaconamaidh roinneil. Aig an àm seo de chruth-atharrachadh eaconamach, tha e cudromach tuigsinn nas fheàrr mar as urrainn do chànan, cultar agus dualchas cuideachadh le comas eaconamach fhuasgladh agus taic a chur ri iomairtean air àireamh-sluaigh a tharraing agus a ghleidhidh.

Tha HIE a' tuigsinn an riatanais reachdail an lùib leasachadh Plana Gàidhlig. Tha sinn a' creidsinn cuideachd gu bheil gach eagan de ar Plana Gàidhlig a' toirt dhuinn cothrom air mothachadh ath-ùrachadh agus ar Plana Gàidhlig ath-chuimseachadh taobh a-staigh na h-àrainneachd eagrachail a tha a' sìor atharrachadh. Faodaidh fèin-mhisneachd agus fèin-spèis mheudaichte am measg dhaoine fa leth, coimhearsnachdan agus ar daoine òga, faireachdainn na roinne de bheòthalachd is àraidheachd chultarach is chruthachail a mheudachadh; leasachadh sgìlean a bhrosnachadh, coileanadh acadaimigeach agus ùr-ghnàthachadh a phiobrachadh; agus cothromachd is co-ionannachd adhartachadh do dhiofar sluaigh is chultaran.



Cnoc Soilleir, South Uist, Outer Hebrides

## GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH HIE

Tha taic don Ghàidhlig aig cridhe ar dleistanais ann an leasachadh eaconamach is sòisealta don Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan. Is e eileamaid chudromach de ar Plana Gàidhlig, togail air mar a tha an cànan ga chleachdadh gus luach eaconamach is sòisealta a chur ri measgachadh farsaing de shuidheachaidhean mar a tha air a thaisbeanadh san aithisg rannsachaidh eachdraidheil air a stiùireadh le HIE, Ar Stòras Gàidhlig (2014).

Bidh am plana seo a' ruith aig an aon àm ri ar ro-innleachd còig-bliadhna ùr a bheir ùrachadh air na lèirsinn airson na sgìre agus na tha sinn a' cur ri libhrigeadh nan àrd-amasan a tha air am mìneachadh anns an Ro-innleachd Nàiseanta airson Atharrachadh Eaconamach. Tha suidheachadh eaconamach fhathast dùbhlach, mar a tha an àrainneachd fiosaig. Ged a thathar an dùil gum feum seo roghainnean a dhèanamh, tha e cudromach gum bi ar leasachadh ro-innleachd a' coimhead a-mach chun an astar mheadhanach gus ar gnìomhachd agus prìomhachasan a stiùireadh thar nam bliadhnaichean ri thighinn agus sinn mothachail air an fheum air dèiligeadh ri suidheachaidhean làithreach.

Tha ro-innleachd HIE ag aithneachadh gun tog sinn cothrom coimhearsnachd is eaconamach bhon chànain agus an dualchas Gàidhlig a tha air leth againn. Tha e cuideachd ag aithneachadh gur e prìomh chothrom roinneil a th' ann a bhith a' meudachadh àite na Gàidhlig le mar a chuireas e ri buanachas, bun-stèidh agus dualchas. Tha obair com-pàirteachas agus co-obrachadh air a bhith na chomharradh air eachdraidh na sgìre o chionn fhada agus bidh iad deatamach ann a bhith a' coileanadh àrd-amasan roinneil agus bunaiteach ann a bhith stèidheachadh agus libhrigeadh ar ro-innleachd ùr. Mar seo, tha dealas againn a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtichean gus na cothroman as fheàrr airson Gàidhlig a libhrigeadh airson an Ro-innleachd Nàiseanta airson Atharrachadh Eaconamach mu choinneamh a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig ùr.

Tha dileab mhòr de thaic againn a chuidich le bhith a' cruthachadh agus cumail suas buaidh grunn bhuidhnean a bheir comas don Ghàidhlig soirbheachadh – bho bhuidhnean com-pàirteachadh leithid Comann na Gàidhlig agus An Comunn Gàidhealach, gu Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Sabhal Mòr Ostaig, Fèisean nan Gàidheal is eile.

Tha sinn a' cuimseachadh gu daingeann air obrachadh le gnothachasan, iomairtean sòisealta agus buidhnean coimhearsnachd as urrainn luach eaconamach is sòisealta a thaisbeanadh tro chleachdadh na Gàidhlig mar sho-mhaoin, agus ag obair le ar com-pàirtichean gus sin a dhèanamh. Tha an eagraan seo den Phlana Gàidhlig ag amas air an àite a leasachadh agus a neartachadh barrachd a tha aig dearbh-aithne agus cultar na Gàidhlig ann an cruthachadh choimhearsnachdan beòthail agus fulangach, agus fàs eaconamach seasmhach.

Gu corporra, tha sinn a' cur luach air Gàidhlig agus ag adhartachadh a cleachdadh taobh a-staigh a' bhuidhinn. Le bhith a' solarachadh ar seirbheisean, fiosrachadh, goireasan agus cothroman tro mheadhan na Gàidhlig, tha sinn a' frithealadh ar teachdaichean Gàidhlig nan cànan fhèin, mas e sin as fheàrr leis gach neach fa leth. Tha HIE dealasach a thaobh leantainn le obrachadh com-pàirteachais ionadail, roinneil agus nàiseanta, a mheudaicheas chun na h-ìre as àirde an comas a tha comharraichte.

Tha sinn a' cur taic ri cearcall buadhach far a bheil prìomh neartan ar buidhinn còmhla ri neartan ar com-pàirtichean, a' stiùireadh na tuigse do luach na Gàidhlig mar sho-mhaoin, agus mar sin a' tarraing agus a' brosnachadh luchd-labhairt ùr agus làithreach agus a' neartachadh beòthalachd a' chànain.





Border sign, Isle of Harris and the Isle of Lewis

## GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Tha am mapa gu h-ìosal air a chur ri chèile a' cleachdadh dàta bho Chunntas-sluaigh 2011 airson Alba air fad, agus tha sinn ag aithneachadh seo mar fhiosrachadh a thaobh na margaid do sheirbheisean agus toradh a tha gu sònraichte air an amas air luchd-labhairt na Gàidhlig. Den 57,600 neach-labhairt Gàidhlig ann an Alba, tha còrr air leth (53%, 30,300) dhiubh a' fuireach sa Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan.



Tha sgìrean mar Innse Gall (tha Gàidhlig aig 52% den àireamh-sluaigh aois 3+) agus an t-Eilean Sgitheanach is Loch Aillse (26%) leis na dùmhlaichdan as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh Alba, agus a' taisbeanadh nan cothroman as cudromaiche airson seirbheisean HIE a libhrigeadh ann an Gàidhlig. Tha pòcaidean ann an Taobh Siar Rois (12%) agus Loch Abar (8%) cuideachd le ìrean cuibheasach àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig, agus tha Earra-Ghàidheal 's na h-Eileanan air àireamh de a leithid sin de sgìrean a chumail (5%). Air eileanan mar Tiriodh agus Ìle, tha a' Ghàidhlig air a' cleachdadh fada is farsaing sa choimhearsnachd agus tha iad air dualchainntean is briathrachas ionadail a ghleidheadh. Tha sgìre Linne Mhoireibh A-staigh a' gabhail a-steach àireamhan nach beag de luchd-labhairt na Gàidhlig (mu 5,700, 4% den àireamh-sluaigh aois 3+) taobh a-staigh sgìrean bhailtean le àireamhan cudromach de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha àireamhan mòra de luchd-labhairt na Gàidhlig anns a' chòrr de dh'Alba, gu h-àraid cuimsichte ann an Glaschu (5,900 neach-labhairt Gàidhlig) agus Dùn Èideann (3,200) nach eil a' nochdadh aig an ìre mapaidh seo de Pharaiste Catharra. A thuilleadh air na coimhearsnachdan Gàidhlig sin agus margaidean sa chòrr de dh'Alba, tha sinn a' tuigsinn gu bheil margaidean eadar-nàiseanta ann airson bathar agus seirbheisean Gàidhlig, gu h-àraid an lùib diaspora na h-Alba. Agus bu chòir dhuinn a dhearbhadh nach eil na margaidean airson bathar is seirbheisean Gàidhlig air an cuingealachadh dhaibhsan le sgìlean Gàidhlig. Tha HIE ag aithneachadh a' chultair shaidhbhir Ghàidhlig agus an comas airson leasachadh a tha ri fhaotainn tarsainn na mòr-chuid den roinn, ach cuideachd gum bu chòir ar Plana Gàidhlig beagan sùbailteachd chruinn-eòlasach a cheadachadh.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil an dàta seo a-nis caran sean, ach is e an aon dealbh oifigeil as co-aimsireile de Alba air fad a tha ri fhaotainn aig an àm seo. Tha rannsachadh nas ùire air aithris tro 'The Gaelic Crisis in the Vernacular Community', cuideachd a' cleachdadh Cunntas-sluaigh 2011 agus an uair sin obair nas ùire air coimhearsnachdan ann an Innse Gall, Ceann a Tuath an Eilein Sgitheanaich agus Tiriodh. <https://www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/res-themes/humanities-and-arts/language-sciences-institute/publications/the-gaelic-crisis-in-the-vernacular-community/>

# SGÌREACHDAN CATHARRA (CP)

% DEN DAOINE A THA A' FUOREACH ANN AN SGÌREACHDAN CATHARRA  
AIG A BHEIL AN COMAS BRUIDHINN GÀIDHLIG



© Crown Copyright and database right 2015  
All rights reserved National Records of Scotland  
Ordnance Survey Licence number: 100020542



## Bannan Paraiste Catharra (CP)

Gu h-eachdraidheil, bha Gàidhlig air a labhairt mar chiad chànan air feadh sgìre HIE, ach a-mhàin ann an Arcaibh agus Sealtainn, agus tha Gàidhlig a' leantainn aig teis-meadhan dearbh-aithne na roinne chun an latha an-diugh. Tha cunntas-sluaigh 2011 a' taisbeanadh gun robh iadsan le sgilean Gàidhlig sam bith (a b' urrainn Gàidhlig a thuigsinn, a labhairt, a leughadh no a sgrìobhadh) a' dèanamh suas mu 9% den àireamh-sluaigh aois 3 agus barrachd sa Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan, ann an coimeas ri dìreach 1% air feadh a' chòrr de dh'Alba.

Tha an fhìor àireamh dhiubhsan le sgilean Gàidhlig na sgeulachd de sheasmhachd agus fàs a tha fada nas deimhinneach. Bha 16,489 (16,049 ann an 2001) neach le sgilean gnìomhach Gàidhlig air aithris sna h-Eileanan Siar, 16,596 (13,585 ann an 2001) sa Ghàidhealtachd agus 5,050 (4,618 ann an 2001) ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Feumaidh sinn feitheamh ris an anailis air a' Chunntas-sluaigh mu dheireadh gus tuigsinn a bheil na gluasadan deimhinneach sin air maireachdainn.

Air feadh Alba, chrìon an àireamh de dhaoine aois 3 agus còrr le sgilean Gàidhlig sam bith aig ìre 5.8% eadar 2001 agus 2011, bho 92,400 gu 87,100. Chrìon an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig cuideachd aig ìre 1.8% (bho 59,000 gu 58,000). Feumaidh sinn feitheamh airson an anailis air an ath Chunntas-sluaigh (2022) gus a thuigsinn a bheil an gluasad seo air maireachdainn.

Tha an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig 'tuigsinn gum bi planaichean Gàidhlig diofraichte a rèir modhan-obrach nan ùghdarrasan poblach fa leth agus far a bheil iad ag obrachadh ann an Alba agus gu bheil planaichean Gàidhlig reusanta is co-rèireach do na suidheachaidhean fa leth'. Tha sinn a' tuigsinn cuideachd buannachdan modh-obrach co-aonaichte, ag obair le com-pàirtichean gus amas is modh-obrach coitcheann a choileanadh agus a libhrigeadh.

Chan eil am Plana air dhòigh sam bith a' lùghdachadh cudromachd agus fiù seasmhachd theachdail eileamaidean eile de dhualchas cultarach is cànanach na h-Alba. Tha a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan ann an Alba air a bhith gu h-eachdraidheil nan àite le cultar saidhbhir is eadar-mheasgte de chànanan, dualchainntean agus daoine. Tha dualchainnt Albannach gach sgìre leithid Arcaibh, Sealtainn, Moireibh agus Gallaibh taobh ri taobh le dualchainntean Gàidhlig Iar Thuath na Gàidhealtachd, Loch Abar, Earra-Ghàidheal agus am measgachadh de dhualchainntean ann an Innse Gall, a' dèanamh cinnteach gu bheil ar roinn a' leantainn air adhart a' faotainn tlachd à iomadachd chànanach shaidhbhir. Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gur e sgìre ioma-chànanach taobh a-muigh chànanan traidiseanta a th' anns a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan. Thathar an dòchas gum bi mothachadh agus cleachdadh nas motha don Ghàidhlig mar phrìomh mheadhan agus mar bhrosnachadh, a' dùsgadh spèis do chànanan agus do dhualchainntean eile ar roinne, fhad 's a tha sinn ag àbhaisteachadh, ag adhartachadh agus a' leasachadh na so-mhaoin shònraichte seo a th' againn ann an Gàidhlig. A thaobh seo, tha sinn cuideachd air ar Inbheistidhean Ùr-ghnàthach Gàidhlig adhartachadh mar a bhith rim faotainn airson aithne a thoirt do luach eaconamach no sòisealta a bhith a' cleachdadh nan cànanan agus dualchainntean tùsail eile nar roinn.

## ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba le amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh co-ionannachd spèis ris a' Bheurla.

Is e aon de phrìomh fheartan Achd 2005, an solar a' comasachadh do Bhòrd na Gàidhlig a dhèanamh riatanach do ùghdarrasan poblach gu plana Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an solar seo a dhealbhadh gus a dhèanamh cinnteach gum bi an roinn poblach ann an Alba gnìomhach ann an cruthachadh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig le bhith a' togail inbhe agus iomhaigh a' chànan agus a' cruthachadh chothroman dèanadach airson a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, air a dheasachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mineachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an coileanadh ar dleastanasan, mar a chomaicheas sinn cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus le prìomh chom-pàirtichean, agus mar a dh'adhartaicheas agus a leasaicheas sinn Gàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean air a dheasachadh ann an co-rèir ris na slatan-tomhais reachdail a tha mìnichte ann an Achd 2005 agus le aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' cur taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gu bheil "Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean."

Tha sinn dealasach a thaobh an amais seo a choileanadh le bhith a' cuimseachadh ar n-obair air na trì cinn a leanas:-

- Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar buidhinn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gu Gàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad ag eadar-chonaltradh rinne.
- Meudachadh a' chothruim do dhaoine air Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt de ar n-obair bho latha gu latha.
- Adhartachadh iomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig cho tric 's as urrainn dhuinn mar phàirt de ar n-obair bho latha gu latha.

## IN-SGRÙDADH IS SUIRBHIDH AIR COMAS ANN AN GÀIDHLIG

Tha ar sgrùdadh air comas Gàidhlig air an taobh a-staigh air amalachadh a-steach do ath-sgrùdadh HR luchd-obrach agus àrd-ùrlar iomhaigh HIE. Tha seo an dà chuid a' cumail suas clàr de sgilean Gàidhlig luchd-obrach agus cuideachd amasan is ùidh dhaoine ann an leasachadh an sgilean. Mar phàirt den obair a' leantainn suas gu an eagraan seo den Phlana, dh'iarr sinn air luchd-obrach uile am pròifilean ùrachadh. Mar thoradh air an obair sin, bhon fheadhainn a fhreagair, tha fios againn gu bheil 50 co-obraiche aig a bheil ìre air choreigin de sgilean Gàidhlig, 29 dhiubhsan nan luchd-tòiseachaidh, 12 eadar-mheadhanach, 3 adhartach agus 6 fileanta.

A thaobh na h-ìre de dh'ùidh ann an leasachadh Gàidhlig, tha 63 aig a bheil beagan ùidhe, 40 le ùidh mhòr, 11 le ùidh ach gun chomas sam bith aig an àm seo, 66 aig nach eil mòran ùidhe agus 46 aig nach eil ùidh idir.

Tha am Plana againn air a thogail air suirbhidh a chaidh a choileanadh air an luchd-obrach uile o chionn ghoirid agus am beachdan a thaobh taic, a' togail air còig phrìomh raointean: ceannardas, sgilean is ionnsachadh, conaltradh is innealan a-staigh agus a-muigh, modhan-obrach le targaid agus co-theacsa leasachaidh iomlan nas fharsainghe.

Bu choir a thoirt fa-near, ged a tha seo a' nochdadh nan comas an a th' ann an-dràsta, gu bheil lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig an urra ris a' bhuidheann air fad mar phàirt de lìbhrigeadh ar raon-ùghdarras eaconamach is sòisealta.

## CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AR PLANA GÀIDHLIG

Tha an Achd 2005 ga dhèanamh riatanach do dh'ùghdarrasan poblach co-chomhairleachadh a dhèanamh air am Plana Gàidhlig mus cuir iad a-steach e gu Bòrd na Gàidhlig.

Bha ar co-chomhairleachadh poblach a' ruith eadar 6 Dùbhlachd 2021 agus 11 Gearran 2022. Chaidh a' cho-chomhairle fhoillseachadh gu dà-chànanach tro dhòigh-obrach ioma-thaobhach, a' gabhail a-steach:

- Co-chomhairleachadh poblach – an toiseach a' cleachdadh fios naidheachd dà-chànanach, an làrach-lìn againn le brataichean sanasachd air an duilleag aghaidh, na seanailean meadhanan sòisealta againn a' brosnachadh com-pàirteachais.
- Conaltradh cuimsichte tro phost-d bhon Cheannard againn gus am Phlana againn a chomharrachadh gu for-ghniomhach agus cuireadh a thoirt do phrìomh luchd-ùidh beachdan a thoirt seachad agus mar phàirt de chonaltradh teachdaiche
- Lìonraidhean/Buidhean Roinneil eile – a' gabhail a-steach GMor, fòraman eile agus Fearann Coimhearsnachd Innse Gall

Leis gun do dhùin an ùine co-chomhairleachaidh air 11 Gearran 2022, bha sinn toilichte naoi (9) freagairtean fhaighinn air ais.

Mhìnich sinn air an fhios-air-ais a fhuair sinn agus tha sinn riarraichte gu bheil geallaidhean a' Phlana, mar a tha sinn air an taisbeanadh, a' toirt cothrom dhuinn co-obrachadh le luchd-ùidhe iomchaidh agus ar miannan airson Gàidhlig san roinn a lìbhrigeadh agus mar sin cha robh feum air atharraichean sam bith.

Ferry Terminal, Stornoway, Calmac Ferry, Lewis, Outer Hebrides







Isle of Lewis, Outer Hebrides

## 2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

### SPÈIS CO-IONANN

Fo chumhachan Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obrachadh le amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh co-ionannachd spèis ris a' Bheurla, agus mar sin tha am Bòrd a' dùileachadh gun taisbean ùghdarrasan poblach nam planaichean mar a thèid am prionnsapal a choileanadh agus a chumail suas ann an da-rìribh.

Bidh HIE a' dèanamh cinnteach far a bheil Gàidhlig an sàs mar phàirt de ar n-obrachadh agus ar seirbheisean, nì sinn cinnteach gu bheil iad de dh'ìre agus de càileachd cho-ionann ris an fheadhainn a tha sinn a' solarachadh ann am Beurla.

### TAIRGSE GHNÌOMHACH

Bheir HIE tairgse ghnìomhach air ar seirbheisean do ar cosnaichean agus don phoball. Bidh seo a' dèanamh cinnteach far a bheil seirbheisean Gàidhlig gan dèanamh ruigsinneach leinne, tha luchd-cleachdaidh Gàidhlig gan dèanamh mothachail gu bheil iad ann, agus thathar gam brosnachadh gu gnìomhach air an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bho gach neach fa leth an t-seirbheis iarraidh agus bheir e misneachd do luchd-cleachdaidh Gàidhlig a bhith cinnteach gun tèid am feumalachdan a choileanadh, mas e sin an roghainn.

Bidh HIE a' dèanamh cinnteach gu bheil ar seirbheisean Gàidhlig cho ruigsinneach ri ar seirbheisean Beurla.

### PRÌOMH-SHRUTHADH

Bidh HIE a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman air Gàidhlig a chleachdadh leis a' phoball agus leis an luchd-obrach againn air àbhaisteachadh, mar thaic do dh'amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi Gàidhlig ga cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean.

# 3. DEALASAN A' PHLANA

## AMASAN ÀRD-ÌREIL

### MEUDACHADH CLEACHDADH NA GàIDHLIG

Amas àrd-ìreil	A' tuigsinn ma tha Gàidhlig gu bhith soirbheachail gum feumar coimhearsnachdan soirbheachail, gum bi HIE a' neartachadh saothair cho-obrachail ann am prìomh choimhearsnachdan, ag amas air iad sin a dhèanamh nas tarraingiche agus nas fhulangaiche a thaobh gleidheadh dhaoine òga agus àireamh-sluaigh, còmhla ri fàs is cosnadh.
Buil ion-mhiannaichte	Obair nas èifeachaiche stèidhichte air àite a tha a' toirt an fheum as fheàrr à co-obrachadh luchd-ùidhe, beachdan is prìomhachasan nan daoine san àite, na so-mhaoinean a tha rim faotainn, gabhail ri cothroman agus freagairtean do dhùbhlain, uile a' leantainn gu tarraingeachd agus fualangas nas motha.
Cleachdadh làithreach	<p>Cur taic ri leasachadh air iomairtean sòisealta agus gnothachasan a' taisbeanadh modal gnothachais obrachail co-cheangailte ri solar sheirbheisean, a' brosnachadh fàs air Gàidhlig mar sho-mhaoin sòisealta is eaconamach, leis an tarraingeachd dhi-beathte air daoine a leanas sin, gu h-àraid daoine òga agus gnìomhach gu h-eaconamach, chun a' chànain.</p> <p>Ag adhartachadh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil beachdachadh iomchaidh ga thoirt do chothroman leasachaidh taobh a-staigh nam planaichean a tha a' tighinn a-mach à coimhearsnachdan a tha a' com-pàirteachadh.</p> <p>Toirt taic agus fiosrachadh do bhuidhnean coimhearsnachd agus do dh'iomairtean sòisealta a' cleachdadh Gàidhlig mar sho-mhaoin tro neartachadh ar coimhearsnachdan agus ar n-obair ann an raointean cugallach.</p> <p>Leanaidh sinn air adhart a' strì ri targaidean a ghabhail a-steach co-cheangailte ris a' Phlana, mar a bhios iomchaidh taobh a-staigh Phlanaichean Leasachaidh Buil Ionadail Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd, le ar com-pàirtichean san roinn phoblaich.</p> <p>Glacadh ghnìomhan nar planaichean roinneil, gu h-àraid sna Gnìomhachasan Cruthachail, Bìadh is Deoch, na roinnean Turasachd, a tha a' cur taic ri tuigse do luach na Gàidhlig.</p>
Gnìomhan a dhìth	<p>Leanaidh sinn air adhart a' libhrigeadh ar modh-obrach leasachaidh stèidhichte air àite, ag àrdachadh mothachadh do bheachdachaidhean agus chothroman co-cheangailte ri in-gabhail, neoini lom, tarraing agus gleidheadh àireamh-sluaigh, cànan is cultar na Gàidhlig a tha a' cur taic ri seasmhachd eaconamach is sòisealta agus sunnd. [Tha an gnìomh seo buntainneach do bharrachd air aon amas Àrd-Ìreil, agus air ainmeachadh an àite eile].</p> <p>Daingneachadh àiteachan prìomhachais far a bheil Gàidhlig na h-eileamaid chudromaich de na so-mhaoinean ris am bi an obair againn stèidhichte air àite a' cur taic, le iomradh air sònaichean ath-shluaghachaidh COHI, a' gabhail a-steach Uibhistagus Tiriodh is Cola.</p> <p>* Leantainn air adhart a' leasachadh chothroman gus eileamaidean de ar prògram taic Ghnìomhachasan Cruthachail a libhrigeadh ann an Gàidhlig, gus Gàidhlig a chur an aithne do lionraidhean eadar-nàiseanta, agus na cothroman a tha Gàidhlig a' tabhann gu coimearsalta adhartachadh. Susbaint chuspairean neo-Ghàidhlig a chur an aithne ann an Gàidhlig.</p> <p>** Obrachadh le com-pàirtichean gus stòrasan goireasach a tharraing còmhla, a tha a' cur taic ri tionnsgaineachd le Gàidhlig a chur ann an acainn ioma-ruigsinneach agus faotainneachd na Gàidhlig fhollaiseachadh fada is farsaing. Beàrnan sam bith san t-solar no cothroman ùra a chomharrachadh agus obrachadh le com-pàirtichean gus dèiligeadh riutha sin. [Tha an gnìomh seo buntainneach do bharrachd air aon amas Àrd-Ìreil, agus air ainmeachadh an àite eile].</p> <p>** Com-pàirteachadh gu h-eadar-nàiseanta le buidhnean coileantach eile gus deagh chleachdadh ann an raointean a rannsachadh, leithid stèidhichte air àite, planaichean coimhearsnachd agus cànan mar phàirt de ath-bheòthachadh eaconamach.</p>
Ceann-latha amasail	Leanaidh sinn oirn a' beachdachadh air a' Ghàidhlig mar phàirt den dòigh obrach againn a thaobh leasachadh coimhearsnachd stèidhichte air àite agus mar chothrom cuimsichte a sholarachadh do phrìomh roinnean air bunait for-ghnìomhach. /+ ro dheireadh an Ògmhios 2024.
Uallach	Manaidsearan Sgìreil / *Ceannard nan Gnìomhachasan Cruthachail / ** tbc



Amas àrd-ireil	Leanaidh HIE a' co-obrachadh air libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig tro bhith an sàs gu gnìomhach leis an iomairt Ìre Adhartais nas Luaithe.
Buil ion-mhiannaichte	Tha HIE na chom-pàirtiche èifeachdach agus buadhach ann an tuigsinn Ìre Adhartais nas Luaithe' agus an ath Phlana Gàidhlig Nàiseanta.
Cleachdadh làithreach	Tha HIE a' cur ri Com-pàirteachas Nàiseanta a bhith a' leasachadh ro-innleachd airson taic do chleachdadh na Gàidhlig sa margaid obrach ann an sgìre HIE, ann an co-obrachadh le buidhnean poblach is prìobhaideach eile.  Ag obair le com-pàirtichean, gu h-àraid an Roinn Phrìobhaideach, Ùghdarrasan Ionadail, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, gus taic a chur ri mothachadh do chothroman dreuchdail a' cleachdadh Gàidhlig, agus Ro-innleachd Leasachaidh an Sgioba-obrach Òig.
Gnìomhan a dhìth	Dèanamh cinnteach tro làthaireachd HIE gu bheil a' beachdachadh air Gàidhlig mar a tha sinn a' conaltradh ri diofar luchd-ùidhe agus buidhnean ro-innleachd.  A' stiùireadh gu h-èifeachdach mar a bhios iomchaidh, agus a' cur ri Sruthan-obrach nàiseanta Ìre Adhartais nas Luaithe:  <ul style="list-style-type: none"> <li>■ Com-pàirt Coimhearsnachd</li> <li>■ Eaconamaidh is Margaid Obrach</li> <li>■ Com-pàirteachadh is ùr-ghnàthachadh mheadhanan didseatach</li> <li>■ Sruth-obrach Turasachd is Cultair</li> </ul> <p>Cur taic ri agus a' fiosrachadh an leasachaidh air an ath Phlana Gàidhlig Nàiseanta</p>
Ceann-latha amasail	Leanaidh sinn oirnn a' co-obrachadh air libhrigeadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus iomairtean co-cheangailte ris tro bheatha a' Phlana seo agus às a dhèidh.
Uallach	Ceannard Planaidh is Com-pàirteachasan / Manaidsear Sgìreil Innse Gall

Amas àrd-ireil	Bidh cùmhnantan Gàidhlig air an gabhail a-steach far an gabh sin a dhèanamh, a thaobh taic ionmhasail bho HIE. Nas coltaiche a bhith ann an roinnean sònraichte leithid gnìomhachasan cruthachail, biadh is deoch agus turasachd.
Buil ion-mhiannaichte	Far a bheil e iomchaidh, a' neartachadh nas motha togail air cleachdadh na Gàidhlig tro ghnìomhadh air cumhachan ann an oidhirpean laghail HIE agus ann am buileachadh air cùmhnantan treas phàrtaidh.
Cleachdadh làithreach	Far a bheil e iomchaidh, nuair a tha HIE a' tairginn obrach, tha sinn a' brosnachadh chunnradairean treas phàrtaidh gu beachdachadh dligheach a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig, agus mar as urrainn dhaibh cur ri slàinte theachdail a' chànain tro innleachd clàs shochairan coimhearsnachd.
Gnìomhan a dhìth	Cùmhnantachd na Gàidhlig a ghabhail a-steach airson gach eadar-theachd a tha a' cur ris an tomhas againn, 'Àireamh de phròiseactan a' cur taic ris an Eaconamaidh Ghàidhlig'.  Gabhaidh sinn a' Ghàidhlig a-steach mar chuspair a dh' fhaodar a thaghadh airson pròiseactan iomchaidh san t-siostam stiùiridh phròiseactan againn.  Far a bheil HIE a' maoinachadh oifigearan leasachaidh coimhearsnachd taobh a-staigh choimhearsnachdan Gàidhlig (mar a tha measaichte le HIE), thèid cumhachan Gàidhlig iomchaidh a chur nan àite, agus Gàidhlig a gabhail a-steach ann an seagh brìgheil do phlana na coimhearsnachd.
Ceann-latha amasail	Ag adhartachadh tro bheatha a' Phlana
Uallach	Oifigearan pròiseict buntainneach agus ùghdarrasan tiomnaichte.

Amas àrd-ìreil	Thèid brosnachadh agus taic a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig mar sho-mhaoin gu buannachd ghnòthachasan, gu h-àraid ann an roinnean turasachd, gnìomhachasan cruthachail agus roinnean bìdh is dibhe.
Buil ion-mhiannaichte	Barrachd obrachaidh stèidhichte san àite-obrach a tha a' toirt an fheum as fheàrr à co-obrachadh luchd-ùidhe, na beachdan agus prìomhachasan acasan a tha san àite, na so-mhaoinean a tha rim faotainn, gabhail chothroman agus freagairtean do dhùbhlain, uile a' leantainn gu tarraingeachd agus fulangas nas àirde.
Cleachdadh làithreach	<p>Cur taic ri leasachadh air iomairtean sòisealta agus gnothachasan a' taisbeanadh modal gnothachais ion-obrachail co-cheangailte ri solar sheirbheisean a tha a' brosnachadh fàs air a' Ghàidhlig mar sho-mhaoin shòisealta is eaconamach, leis an tarraingeachd dhi-beathte air daoine a leanas sin, gu h-àraid daoine òga agus gnìomhach gu h-eanamach, chun a' chànain.</p> <p>Stiùireadh obair com-pàirteachais le ar com-pàirtichean nàiseanta, gus luach na Gàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach agus shòisealta, a thuigsinn.</p> <p>Cleachdadh anailis air na toraidhean rannsachaidh agus eisimpleirean a' tighinn am bàrr de dheagh chleachdadh gus luchd-dèiligidh a bhrosnachadh gu beachdachadh, ann an co-bhonn le Ceannardan Sgioba Fàs Roinne buntainneach, air mar a ghabhas Gàidhlig a cur an sàs san dòigh as èifeachdaiche sna h-obrachaidhean aca gus cothroman is buannachdan ùra a chruthachadh, gu h-àraid ann an roinnean Ghnìomhachsan Cruthachail, Biadh is Deoch, agus Turasachd.</p>
Gnìomhan a dhìth	<p>Tasglann de shusbaint ùr a leasachadh a tha</p> <p>a) a' solarachadh artaigilean/bhidio/blogaichean is eile ann an Gàidhlig ach co-cheangailte ri cuspairean gnothachais no leasachaidh – m.e. mar a tha fìorachas meudaichte ga chleachdadh gus gailearaidhean agus taighean-tasgaidh adhartachadh, buaidh Netflix agus an eag-shiostam sruthaidh.</p> <p>b) taobh a-muigh gnìomhachais, a' mìneachadh far am faic iad cothroman coimearsalta don Ghàidhlig m.e. co-thìmeachadh – solar ciùil is òrain Ghàidhlig (Gàidhlig agus neo-Ghàidhlig), TBh, film, sanasan, geamannan, is eile.</p> <p>c) cleachdadh na Gàidhlig gu làithreach mar sho-mhaoin coimearsalta m.e. an obair com-pàirteachaidh le teachdaichean air-loidhne air a leasachadh le Julie Fowles agus an cothrom air a chruthachadh le àrd-ùrlaran cùl-taic mar Patreon.</p> <p>d) Pìosan naidheachdan co-cheangailte ri Gàidhlig.</p> <p>Ag obrachadh le com-pàirtichean gus goireasan a tha rim faotainn a thionail, a tha a' cur taic ri tionnsgaineachd le Gàidhlig gu bhith na acainn ruigsinneach agus fhaotainneachd fhollaiseachadh fada is farsaing. Beàrnan sam bith san t-solar no cothroman ùra a chomharrachadh agus obrachadh le com-pàirtichean gus dèiligeadh riutha sin. [Tha an gnìomh seo buntainneach do bharrachd na aon anmas Àrd-Ìreil, agus air ainmeachadh ann an àite eile].</p>
Ceann-latha amasail	Ath-sgrùdadh gach bliadhna.
Uallach	Ceannard Ghnìomhachsan Cruthachail agus feadhainn eile rin dearbhadh



## ADHARTACHADH ÌOMHAIGH DHEIMHINNEACH DEN GHÀIDHLIG

Amas àrd-ireil	Bidh HIE a' leasachadh agus ag adhartachadh dealas ro-innleachdail a tha a' togail air an tabhartas a thaobh fàs air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan nan eilean agus coimhearsnachdan dùthchail, mar thaic do sheasmhachd agus sunnd eaconamach is sòisealta.
Buil ion-mhiannaichte	Gàidhlig a bhith air a faicinn mar a bhith a' cur gu cudromach ri èifeachdas fulangais eaconamach agus sòisealta stèidhichte air àite, agus seasmhachd is sunnd ann an àiteachan iomchaidh.
Cleachdadh làithreach	A' leantainn air adhart a' gabhail pàirt ghnìomhach agus thaiceil ann an oidhirpean air tabhartas na Gàidhlig a thaobh ar n-ealain nàiseanta a mheudachadh, a' tuigsinn luach a bhith ag àbhaisteachadh na susbaint Ghàidhlig anns an roinn ealain sa phrìomh-shruth.
Gnìomhan a dhìth	Dèanamh cinnteach gu bheil na cothroman tro Ghàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach is shòisealta, nar n-inbheistidhean ro-innleachdail agus cudromach a' gabhail a-steach leasachaidhean bun-structair agus Aonta Fàis, far a bheil e comasach.  Leantainn air adhart a' libhrigeadh ar modh-obrach stèidhichte air àite gu leasachadh, ag àrdachadh mothachadh do bheachdachaidhean is chothroman co-cheangailte ri in-ghabhail, neoini lom, tarraing agus gleidheadh àireamh-sluaigh, cànan agus cultar na Gàidhlig a tha a' cur taic ri seasmhachd agus sunnd eaconamach is sòisealta. [Tha an gnìomh seo buntainneach do bharrachd na aon anmas Àrd-Ìreil, agus air ainmeachadh ann an àite eile].  Com-pàirteachadh agus com-pàirt bhrìgheil – a' comasachadh luchd-dèiligidh gu gnìomhachdan com-pàirteachaidh a chruthachadh an dà chuid gu pearsanta agus bhiortail, le mean-fhàs air modalan libhrigidh gnothachais is seirbheis às dèidh COVID, agus le Neoini Lom a' toirt buaidh air siubhal agus com-pàirteachadh.
Ceann-latha amasail	Am Màrt 2024
Uallach	Ceannard Planaidh agus Com-pàirtichean

Amas àrd-ireil	Bidh rannsachadh Ar Stòras Gàidhlig air ùrachadh aig an àm as fheàrr
Buil ion-mhiannaichte	Dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh poileasaidh agus fuasglaidhean stèidhichte air àite a' faotainn taic bho bhunait fianais làidir, a bhios a' cuideachadh le cothroman do chànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig a mheudachadh chun na h-ìre as àirde, taobh a-staigh frèam-obrach nas leatha de leasachadh eaconamach a tha seasmhach agus in-ghabhalach.
Cleachdadh làithreach	Far a bheil e iomchaidh, a' glacadh no a' toirt buaidh air glacadh chomasachdan na Gàidhlig ann an rannsachadh suirbhidheach (an dà chuid fèin-làimh agus co-obrachail) gus comas anailiseach a leudachadh agus dèanamh cinnteach gun gabh beachdan agus eòlasan luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith air an tarraing a-mach. Tha eisimpleirean de seo a' gabhail a-steach Daoine Òga sa Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan: Meudachadh Cothruim (2018) agus Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean (2021).  Ag ùisneachadh toraidhean an rannsachaidh airson luchd-dèiligidh fhiosrachadh mu dhòighean sam faod Gàidhlig cur gu dearbhach ri an obrachaidhean gnothachais agus margaideachd, gus taic a chur ri cruthachadh chothroman agus buannachdàn ùra.  Taic do chleachdadh ùr-ghnàthach air Gàidhlig mar sho-mhaoin air a phrìomh-shruthadh taobh a-staigh thasgaidhean fo ùghdarras HIE.
Gnìomhan a dhìth	Rannsachadh a ghabhail os làimh gus àite cànan, cultair agus dualchais a sgrùdadh ann an cur taic ri leasachadh stèidhichte air àite.  Cur ri Clàr-obrach Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig gus fiosrachadh agus taic a thoirt do phoileasaidh agus gnìomh, mar chuideachadh do leasachadh eaconamach is sòisealta stèidhichte air àite.
Ceann-latha amasail	Ron Mhàrt 2024
Uallach	Àrd-Mhanaidsear Rannsachaidh

## AMASAN SEIRBHEIS CORPORRA

### INBHE

Buil Ion-mhiannaichte	<b>Suaicheantas agus Brannd</b> – Tha suaicheantas corporra agus branndadh HIE a’ nochdadh cho follaiseach sa tha an dà chuid Gàidhlig agus Beurla.
Cleachdadh làithreach	<p>Tha HIE aithnichte mar lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Chan eil ann ach aon suaicheantas HIE, agus tha e dà-chànanach le follaiseachd cho-ionann air a thoirt do Ghàidhlig agus Beurla.</p> <p>Bidh sinn a’ cumail sùil air in-chorpachadh na Gàidhlig gu follaiseach mar a bhios iomchaidh, ann an stuth margaideachd, pàipearachd, tachartasan, taisbeanaidhean agus coinneamhan poblach HIE uile, (a thuilleadh air cleachdadh an t-suaicheantais dhà-chànanach).</p> <p>Bidh bileag ghearanan HIE an-còmhnaidh ri faotainn ann an Gàidhlig no gu dà-chànanach.</p>
Gnìomhan a dhìth	Lean air adhart a’ brosnachadh agus a’ cleachdadh suaicheantas dà-chànanach HIE anns a h-uile conaltradh bhon taobh a-muigh agus conaltradh a-staigh mar a bhios cothroman ann.
Ceann-latha amasail	Ath-sgrùdadh gach bliadhna
Uallach	Ceannard Margaideachd is Chonaltraidhean

Buil Ion-mhiannaichte	<b>Soidhneachd</b> – Bidh soidhneachd fhollaiseach a’ gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	<p>Tha spèis cho-ionann ga thaisbeanadh do Ghàidhlig agus Beurla mar a tha soidhneachd ga ath-ùrachadh.</p> <p>Meudachadh ìomhaigh na Gàidhlig aig làraichean HIE agus tarsainn HIE, a’ taisbeanadh co-ionannachd spèis do Ghàidhlig agus Beurla air bunait ùr no ionadachaidh.</p> <p>Dèanamh cinnteach gu bheil spèis cho-ionann ga nochdadh do Ghàidhlig le bhith ro-ghnìomhach ann an toirt buaidh air gabhail ri co-ionannachd spèis don Ghàidhlig san roinn phoblaich aig làraichean inbheistidh a tha cudromach gu sgìreil m.e. Làrach Inbhir Nis, An Lòchran. *</p>
Gnìomhan a dhìth	Lean air adhart a’ brosnachadh agus a’ cleachdadh suaicheantas dà-chànanach HIE anns a’ h-uile soidhne airson àiteachan agus làraich.
Ceann-latha amasail	Ath-sgrùdadh gach bliadhna
Uallach	Stiùiriche Bun-structar Gnothachais /*Manaidsearan thasgaidhean cudromach HIE



Buil ion-mhiannaichte	<b>Adhartachadh</b> – Teachdaireachd dheimhinneach gu bheil conaltradh bhon phoball ann an Gàidhlig an-còmhnaidh di-beathte.
Cleachdadh làithreach	<p>Tha Plana Conaltraidh HIE a' cur cuideam air mar a tha sinn a' cleachdadh na Gàidhlig nar conaltradh air fad agus tha a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh taobh a-staigh Stiùireadh Brannadh HIE le inbhe cho-ionann.</p> <p>Tha sinn a' follaiseachadh gu bheil sinn a' cur fàilte air tagraidhean, ceistean, litrichean conaltraidh, gearanan agus foirmean ann an Gàidhlig le modhan-obrach mar thaic don seo, a' dèanamh cinnteach gu bheil an ùine freagairt do cheistean ann an Gàidhlig co-ionann ri sin ann am Beurla.</p> <p>Cumail suas liosta de luchd-obrach a tha deònach agus comasach air ceistean a ghiullachd ann an Gàidhlig sa chiad àite. Bidh an liosta seo ri fhaotainn le luchd-obrach.</p> <p>Tha an luchd-obrach uile gam brosnachadh gu cairtean gnothachais agus ainmean-sgrìobhte dà-chànanach a chleachdadh, gus cleachdadh faicsinneach air a' chànan adhartachadh leis an luchd-obrach uile. Nì eadar-theangachadh air tiotalan luchd-obrach agus òrdachadh a tha furasta don neach-dèiligidh, seo nas fhasa.</p> <p>Tha sinn a' brosnachadh agus a' comasachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig le luchd-obrach, a' gabhail a-steach:</p> <p>comas Gàidhlig ann am pròifilean luchd-obrach; sreath-cinn dà-chànanach ag aithris gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltraidhean ann an Gàidhlig agus Beurla, ann am foillseachaidhean agus puist-d luchd-obrach uile: tro liosta de dh'abairtean coitcheann eadar-theangaichte a tha air an roinn le luchd-ùidhe; tha luchd-obrach le sgilean Gàidhlig air am brosnachadh gu 'G' a chur ri an ainm-sgrìobhte; goireasan cànan, ann an cruth fiosaigeach agus eileagtronaigeach, agus cothrom air seirbheisean leithid eadar-theangachadh agus dearbh-leughadh.</p> <p>Tha Gàidhlig a-nis air a gabhail a-steach gu follaiseach ann an àrdaichearan, sgrionaichean fàilte, duilleagan eadra-lìn agus ainmean-sgrìobhte eileagtronaigeach.</p> <p>Bho àm gu àm bithear a' foillseachadh choileanaidhean air prìomh chlachan-mìle, tachartasan agus gnìomhachdan a tha buntainneach don Phlana seo. Co-chomhairleachadh le earrann luchd-cleachdaidh na Gàidhlig aig HIE mu an eòlasan a' cleachdadh sheirbheisean/ghoireasan HIE, agus a' comasachadh don fhiosrachadh air ais aca ar tairgse Ghàidhlig a chumadh.</p>
Gnìomhan a dhìth	Mar phàirt den phlana gnìomhachaidh bliadhnail againn, bidh gnìomhan conaltraidh air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh air an gabhail a-steach gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh thar gach modh conaltraidh co-cheangailte ri cuspairean iomchaidh.
Ceann-latha amasail	Ron Mhàirt 2024
Uallach	Buidheann a' Phlana Ghàidhlig

Buil ion-mhiannaichte	Conaltradh Sgrìobhte – Gabhar an-còmhnaidh ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig (tron phost, post-d agus meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt ann an Gàidhlig ann an co-rèir ri poileasaidh coitcheann.
Cleachdadh làithreach	<p>Ann a bhith a' coimiseanadh obair eadar-theangachaidh Ghàidhlig, bidh HIE a' cleachdadh eadar-theangairean le cliù dearbhte agus ìre àrd de ealantas.</p> <p>Am measg suidheachadh IT coitcheann HIE, tha sgrùdaire litreachaidh Gàidhlig le comas air sràcan a chur air litrichean.</p>
Gnìomhan a dhìth	Comharraich an tairgse seo ann an dòigh nas for-ghnìomhachd agus nas cunbhalaiche tro shianalan lìn agus meadhanan sòisealta.
Ceann-latha amasail	Ath-sgrùdadh gach bliadhna.
Uallach	Ceannard Margaideachd is Chonaltraidhean

Buil Ion-mhiannaichte	Fàilteachas is Fòn - Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, tha iad a' faotainn taic airson sin a dhèanamh, agus tha an t-seirbheis air a h-adhartachadh chun a' phobail.
Cleachdadh làithreach	Far a bheil e reusanta agus buntainneach, a' trèanadh àireamh a tha a' meudachadh de luchd-obrach gus na fònaichean a fhreagairt gu dà-chànanach agus dèiligeadh gu h-ìomchaidh le luchd-gairm a tha airson labhairt ann an Gàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	Goireasan a leasachadh tro Sheiminearan-lìn no tro thaic dhidseatach gus feabhas a thoirt air sgilean agus fàilteachadh.  Tha mòran de oifisean HIE nan goireasan a tha co-roinnte le com-pàirtichean san roinn phoblaich agus le co-obraichean aig a bheil no aig nach eil am Planaichean Gàidhlig fhèin nan àite. Obrachadh leis na com-pàirtichean sin gus luchd-obrach fàilteachais le Gàidhlig aithneachadh far a bheil sin ìomchaidh agus comasach.
Ceann-latha amasail	Ògmhios 2024
Uallach	Buidheann a' Phlana Ghàidhlig

Buil Ion-mhiannaichte	Tachartasan - Tha cothroman air tachartasan poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig gan rannsachadh gu cunbhalach agus gan adhartachadh.
Cleachdadh làithreach	Gabhaidh sinn a-steach cleachdadh na Gàidhlig aig coinneamhan ann an Innse Gall agus coimhearsnachdan eile, far a bheil àireamhan àrda sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig.  Bidh sinn a' tabhann tachartasan didseatach tro XpoNorth a' toirt a-steach eadar-theangachadh mar-aon. Bidh sinn an dà chuid ag obair le com-pàirtichean agus tro ar gnìomhachd fhèin gus eadar-theangachadh mar-aon a sholarachadh agus a chomasachadh ann an tachartasan agus uidheamachd airson coinneamhan mar a dh'èiricheas cothroman, a' toirt seachad an uidheamachd a-muigh agus a-staigh.
Gnìomhan a dhìth	Lean air adhart a' rannsachadh chothroman airson conaltradh Gàidhlig dà-chànanach agus ioma-chànanach air feadh Ath-sgrùn àrd-ùrlar againn gu sònraichte le meadhanan ùra agus conaltradh.
Ceann-latha amasail	Ath sgrùdadh gach bliadhna
Uallach	Manaidsear Sgìreil IG (Manaidsearan Sgìreil mar a bhios ìomchaidh)

## FIOSRACHADH

Buil Ion-mhiannaichte	Brathan naidheachd – Brathan naidheachd àrd-ìomhaigheil agus brathan naidheachd uile co-cheangailte ri Gàidhlig air an cuairteachadh ann an Gàidhlig agus Beurla.																
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a' toirt nam brathan naidheachd uile aig HIE co-cheangailte ri Gàidhlig gu buil gu dà-chànanach, a thuilleadh orrasan a tha air an dearbhadh le sgioba Margaideachd is Conaltraidh gu bhith den ìomhaigh as àirde.																
